


A' togail Alba Ùr: Foghlam agus Ionnsachadh Fad-beatha ann an Alba neo-eisimeileach

BUILDING A NEW
SCOTLAND



Geàrr-chunntas

Seo geàrr-chunntas de na molaidhean aig Riaghaltas na h-Alba airson Foghlam agus Ionnsachadh Fad-beatha ann an Alba neo-eisimeileach. Tha am pàipear slàn:

- a' mìneachadh mar a tha poileasaidhean làithreach nam bunaitean airson ionnsachadh, tro dhòigh-obrach a thaobh chòraichean agus sunnd a bheir na cothroman as fheàrr do chloinn agus do dhaoine òga gus an làn chomas a ruigsinn; agus tha e a' mìneachadh mar a thogamaid air seo ann an Alba neo-eisimeileach.
- a' toirt cunntas air na dh'fhaodas daoine ann an Alba a bhith an dùil agus iad a' gluasad tron t-slighe foghlaim agus ionnsachadh fad-beatha, agus mar a b' urrainn dhuinn piseach a thoirt air an tairgse foghlaim againn.

Tha a' phrìomh aithisg a' toirt seachad barrachd mion-fhiosrachaidh mu na molaidhean seo, a' gabhail a-steach na fianais a tha gam fiosrachadh, a bharrachd air iomraidhean air tùsan.

Foghlam agus Ionnsachadh Fad-beatha ann an Alba

Bha siostam foghlaim sònraichte agus neo-eisimeileach aig Alba mus robh fèin-riaghladh ann agus bha cliù gu h-eadar-nàiseanta aig foghlam Albannach airson sàr-mhathas fada ro Achd an Aonaidh. Gu dearbh, chaidh a' chiad Oilthigh ann an Alba, Cill Rìmhinn, a stèidheachadh tràth anns an 15^{mh} linn agus is e an seo an t-oilthigh as sine ann an saoghal na Beurla. Chaidh Oilthigh Ghlaschu a stèidheachadh ann an 1451 mar thoradh air iarrtas bho Rìgh Seumas II na h-Alba, agus 's e Oilthigh Obar Dheathain an treas fear as sine ann an Alba. Tha traidisean foghlaim eachdraidheil cliùiteach againn ann an Alba.

An-diugh, tha siostam foghlaim na h-Alba a' faighinn taic bho obair Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail agus coimhearsnachdan na h-Alba ann am bailtean mòra agus beaga air feadh ar dùthcha. Tha na h-Oilthighean agus na Colaistean san roinn Foghlam Adhartach is Àrd-ìre beartach againn a' toirt seachad raon de chothroman dhan òigridh againn. Gu dearbha, tha an àireamh sa cheud de dh'Albannaich aig a bheil teisteanasan às dèidh ìre na h-àrd-sgoile fhathast am measg na h-ìre as àirde san Roinn Eòrpa.

Bheireadh neo-eisimeileachd comas do riaghaltasan Albannach san àm ri teachd roghainnean a dhèanamh nach urrainn dhaibh dèanamh fon rèiteachadh fèin-riaghlaidh làithreach; roghainnean a neartaicheas na suidheachaidhean agus na bunaitean gus am

bi an t-ionnsachadh nas treasa buileach, gus am bi an cothrom as fheàrr aig gach neach òg gus soirbheachadh san sgoil agus ann am foghlam às dèidh na sgoile; agus gu bheil comas agus cothrom uile againn air cumail oirnn ionnsachadh fad ar beatha. Ach aig an àm seo, chan eil làn chumhachdan aig Alba air na raointean poileasaidh uile a dh'fheumadh i gus aghaidh a chur gu h-ìomlan air bochdainn chloinne. Le cothrom air na làn chumhachdan a th' aig stàit neo-eisimeileach, dh'fhaodadh riaghaltasan Albannach san àm ri teachd co-dhùnaidhean poileasaidh eadar-dhealaichte a dhèanamh air an dòigh as èifeachdaiche gus dèiligeadh ri bochdainn chloinne.

Dh'fhaodadh riaghaltasan Albannach san àm ri teachd beachdachadh air leasachaidhean air an t-siostam fòrladh pàighidh phàrantach, le bun-ìrean nas àirde na an fheadhainn a tha ann an-dràsta, a shuidhich Riaghaltas na RA. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith:

- a' cur ri faid agus ìre fòrladh màthaireil pàighte do mhàthraichean
- a' cur ris an t-solair fòrladh reachdail dà sheachdain is pàighidh a th' ann an-dràsta do dh'athraichean/companaich agus a' toirt seachad seachdainean a bharrachd de dh'fhòrladh phàrantach co-roinnte a tha air a ghabhail aig deireadh na h-ùine màthaireil de leth-cheud sa dhà seachdain
- a' dèanamh cinnteach gum faigh boireannaich a chailleas leanabh ro bhreith trì làithean dheth bho an obair le pàigheadh.

Ann an Alba neo-eisimeileach, dh'obraicheadh Riaghaltas na h-Alba còmhla ri teaghlachan na h-Alba gus faighinn a-mach ciamar a ghabhadh an t-amas seo a thoirt air adhart.

B' i Alba a' chiad dùthaich san RA a chuir Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (UNCRC) a-steach dhan lagh gu dìreach, tro bhith ag aontachadh Achd Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (Corpachadh) (Alba) 2024 an gnìomh. 'Achd UNCRC'. Tha Riaghaltas na h-Alba air an dealas a thaobh dìon chòraichean chloinne a dhearbhadh. Ach, chan eil an dleastanas an sàs airson a h-uile gnìomh no seirbheis a tha air a libhrigeadh le buidhnean poblach ann an Alba.

Leis na cumhachdan aig dùthaich neo-eisimeileach, bhiodh e comasach do Riaghaltas na h-Alba an UNCRC a thoirt a-steach - gu h-ìomlan - do lagh na h-Alba, a' cur gu mòr ri còraichean chloinne. Tha an gealltanas seo, còmhla ris an dòigh-obrach againn a thaobh a bhith a' buileachadh *Ga fhaighinn ceart airson gach leanabh* (GIRFEC), ag amas air na bunaithean ionnsachaidh as fheàrr a thoirt do chloinn is dhaoine òga, ge b' e dè an suidheachadh a th' aca.

Cuideachd, le làn chumhachdan aig Alba neo-eisimeileach a thaobh co-ionannachdan, dh'fhaodadh Riaghaltas na h-Alba san àm ri teachd obrachadh leis na daoine a tha no a bha ann an cùram gus co-dhùnadh a bheil iad airson 's gum bi seo na fheart dìonta. Dh'fhaodadh gnìomh a ghabhail a rèir sin gus dèanamh cinnteach gum bi dìon nas treasa ann do na daoine a tha no a bha ann an cùram.

Tha rannsachadh eadar-nàiseanta a' sealltainn gu bheil co-cheangail ann eadar prògraman tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne àrd-chàileachd airson clann ro-sgoile agus leasachaidhean ann am foghlam, cosnadh agus slàinte nas fhaide air adhart nam beatha. Tha fianais ann cuideachd gu bheil clann fo ana-chothrom a' faighinn na buannachd as motha às na prògraman sin agus gu bheil buannachdan cudromach sa gheàrr-ùine agus san fhad-ùine a thaobh leasachadh, foghlam agus slàinte chloinne le bhith a' tasgadh ann an tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne de chàileachd àrd.


Ann an 2021, thòisich Alba air 1,140 uair a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a thabhann sa bliadhna agus is i Alba an aon phàirt den RA a tha a' dèanamh seo. Tha sin co-ionann ri 30 uair a thìde san t-seachdain rè an teirm airson clann a tha trì agus ceithir bliadhna a dh'aois agus do chloinn ion-roghnach aig dà bhliadhna dh'aois ge b' e de an inbhe obrach a th' aig am pàrantan. Le neo-eisimeileachd, dh'fhaodadh riaghaltasan san àm ri teachd feuchainn ri leasachaidhean a dhèanamh air cùram-chloinne. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh riaghaltas san àm ri teachd cho-dhùnaidhean eadar-dhealaichte a dhèanamh mu dhealbhadh sgeamaichean a tha glèidhte an-dràsta – Cùram-chloinne tro Chreideas Coitcheann agus Cùram-chloinne gun Chìs – a bheir taic do phàrantan agus luchd-cùraim pàigheadh airson cùram-chloinne.

Tha sinn a' togail siostam foghlaim sgoile mar-thà a libhrigeas sàr-mhathas agus cothromas do chloinn is do dhaoine òga. Cho-dhùin aithisg neo-eisimeileach an OECD air Curraicealam na h-Alba airson Sàr-mhathais gun robh 'feallsanachd foghlaim brosnachail le taic fharsaing' ann a bha a' tabhann 'na sùbailteachd a dh'fheumar gus piseach a bharrachd a thoirt air ionnsachadh nan oileanach'.

Tha na roinnean foghlaim agus rannsachaidh treas ìre againn am measg an fheadhainn as fheàrr san t-saoghal. Tha colaistean, oilthighean agus ionadan speisealach na h-Alba nan stòrasan nàiseanta a tha a' toirt seachad farsaingeachd de bhuidhean sòisealta, eaconamach agus cultarail. Tha an taic againn do dh'oileanach agus ar poileasaidh airson teagasg an-asgaidh a' toirt taic do mu 120,000 oileanach a tha ag ionnsachadh ann an Alba gach bliadhna.

Dh'fhaodadh riaghaltasan san àm ri teachd cuideachd siostam iasadan oileanach a chruthachadh gu sònraichte do dh'Alba, a chuireadh barrachd sùbailteachd an comas ann a bhith a' libhrigeadh iasadan oileanach agus nach fheumadh cead bho Roinn Ionmhais na Banrigh.

Chuireadh Alba neo-eisimeileach, mar phàirt den AE, fàilte cuideachd air oileanaich à dùthchannan an Aonaidh Eòrpaich do na colaistean agus na h-oilthighean as fheàrr againn, ag ath-thilleadh a' chrìonaidh san àireamh oileanaich a tha a' tighinn dhan RA às dèidh Brexit. Bhiodh e comasach do dh'oileanaich pàirt a ghabhail ann am prògraman iomlaid a-rithist tro phrògram Erasmus+.



© Riaghaltas na h-Alba, 2024

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Am Màrt 2024

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant,
Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS143927 (03/24)